

Name Faclair na Gàidhlig
Contact Lorna Pike, Project Co-ordinator
Email mail@faclair.ac.uk
Address 19 George Square
Edinburgh EH8 9LD
Website www.faclair.ac.uk

A bheil sibh ag aontachadh leis an lèirsinn a tha anns an dreachd Plana?

Tha. Tha Faclair na Gàidhlig ag aontachadh gu mòr le amasan a' Phlana agus bidh àite cudromach aig an Fhaclair ann a bhith a' toirt nan amasan seo gu buil. Ma thathar ag amas air iomairtean Gàidhlig a leasachadh agus a leudachadh, tha feum aig a' chànan fhèin air clach-bhuinn. Anns a' mhòr chuid de chànanan, air feadh an t-saoghail, 's e faclair ùghdarrasach, eachdraidheil a' chlach-bhuinn sin. Chan eil faclair den leithid sin againn anns a' Ghàidhlig, agus gus an tig an latha sin, tha gach iomairt Gàidhlig (ge brith ann ann a thaobh foghlaim, no teicneolais, no cultair a tha e) a' call an seasmhachd a thig bho dheagh fhaclair eachdraidheil. Tha am freagairt seo ga dhèanamh as leth Faclair na Gàidhlig bho shealladh faclaireachd.

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, a bheil na pròiseactan roinneil a thathar a' moladh riatanach do na h-amasan airson 2012? Mura h-eil, ciamar nach eil?

Tha iad riatanach, ged a tha na roinnean gu math farsaing. Tha e glè mhath gu bheil Spionnadh a' toirt a-steach Leasachadh Corpais. Tha Leasachadh Corpais na eileamaid fìor chudromach ann an planadh cànanain agus tha mòran a' crochadh air soirbheas Leasachadh Corpais.

A bheil na builean airson an fhichead raon agus na prìomhachasan airson dèiligeadh leotha air am mìneachadh gu ceart agus ann an òrdan freagarrach? Mura h-eil, ciamar nach eil?

1. Dachaigh: Tha Prìomhachas 3, 'meudachadh ann an stuthan taic cànanain', air leth cudromach. Tha stuthan taic cànanain an eisimeil fhaclairean ùghdarrasach, agus tha faclairean ùghdarrasach an eisimeil faclair iomlan eachdraidheil. Tha sinn air faicinn na ghabhas dèanamh anns a' Bheurla agus ann an Albais. Tha faclairean eachdraidheil air leth math anns na cànanan sin agus tha faclairean eile bonntaichte orra a fhreagras air gach feumalachd. **Tha a' Ghàidhlig airidh air a' cheart uimhir.**

2. Coimhearsnachd: Bhiodh àite cudromach aig faclair eachdraidheil na Gàidhlig ann an leasachadh cànanain anns a' choimhearsnachd. Bhiodh faclair eachdraidheil na chuideachadh ann a bhith a' toirt a-steach faclan Gàidhlig a chaidh à cleachdadh, an àite a bhith a' cruthachadh faclan ùra, a tha gu tric stèidhichte air faclan Beurla.

3. Àite-Obrach: Tha ionnsachadh cànanain agus leasachadh sgilean cànanain gu math cudromach, agus 's e dubhlan a bhios ann a bhith a' brosnachadh fhastaichean gus taic a thoirt dha luchd-obrach a tha airson sin a dhèanamh. Tha cursaichean feumach air goireasan. Ann an cuid a dhreuchdan, bidh feum ann airson briathrachais shònraichte. Tha prìomh àite aig faclairean ann a bhith a' deasachadh nan goireasan sin.

4. Leasachadh Corpais: Bu chòir prìomhachas nas àirde a thoirt gu 'Leasachadh ann am faclaireachd na Gàidhlig'. Cuideachd, bu chòir luaidh a thoirt air faclaireachd eachdraidheil, a bhios na bhun-stèidh airson gach prìomhachas eile. Gheibhear fianais ann am faclair eachdraidheil air litreachadh, gràmar, briathrachas, agus ainmean, bho thoiseach litreachas na Gàidhlig san 12mh linn gus an latha an-diugh. Mar sin, bhiodh faclair eachdraidheil na chuideachadh a thaobh deasachadh poileasaidhean cànanain anns na h-eileamaidean seo.

5. Planaichean Gàidhlig: Seo raon eile far am faodadh briathrachas sònraichte a bhith feumail. Bidh àite cudromach aig faclairean ann a bhith a' deasachadh agus a' leasachadh a' bhriathrachais sin.

6. Seasamh: Bidh goireasan cànanain air leth riatanach gus na prìomhachasan seo a thoirt gu buil agus tha am faclair eachdraidheil na phrìomh-ghoireas cànanain. **Airson urraim co-ionann, feumar goireasan ionann.** Tha goireas air leth aig a' Bheurla leis an Oxford English Dictionary (a tha a-nis ri fhaighinn air an eadar-lìon), agus le gach ni a tha air tighinn bhuaithe. Tha a' Ghàidhlig airidh air goireasan co-ionann.

7. Mothachadh: Tha feum aig an raon seo cuideachd air goireasan cànanain. Tha faclair eachdraidheil a' toirt dhuinn bun-fhianais air cultar agus air dualchas cànanain. 'S ann tro fhaclair eachdraidheil as fheàrr a sgaoileas cànanain agus a cultar gu daoine air feadh an t-saoghail. Mar eisimpleir, bheir faclair eachdraidheil na Gàidhlig dhuinn bun-fhianais air beatha làitheil nan Gàidheal rè na linntean. Cuideachd, nochdaidh e na coimeasan a th' eadar Gàidhlig na h-Alba agus Gàidhlig na h-Èireann, agus a th' eadar Gàidhlig na h-Alba agus Albais. Mar sin, bheir am faclair dhuinn dealbh de dhualchas cànanach na h-Alba agus bidh seo air a thaisbeanadh tron fhaclair fhèin.

8. Taic: Anns an raon seo cuideachd, tha goireasan cànanain air leth cudromach, agus 's e am faclair eachdraidheil as cudromaiche de na goireasan sin. Bheir e comas dhuinn faclairean a chruthachadh airson gach ìre cànanain. Tha faclairean den leithid seo air leth feumail a thaobh cleachdadh cànanain agus leasachadh sgilean cànanain. Bidh am faclair eachdraidheil cuideachd na stòras air leth prìseil airson cultar nan Gàidheal. Bidh e a' toirt dhuinn làn-mhìneachadh air gach facal anns a' chànanain sgrìobhte, agus bidh na mìneachaidhean seo air an taisbeanadh ann an abairtean a bhios air an togail bho theacsaichean Gàidhlig bhon 12mh linn a-mach. Mar sin, bheir am faclair dhuinn mion-chunntas air cultar nan Gàidheal ann an seadh nach fhaighear ann an àite sam bith eile, fiù 's ann an leabhar mòr-eòlais.

10. Bliadhnaichean Sgoile: Tha faclair nam prìomh ghoireasan aig gach ìre foghlaim. Bhiodh faclair eachdraidheil a' toirt dhuinn bun-stèidh ùghdarrasach airson gach faclair eile a thigeadh bhuaithe. **Bidh faclair eanbsach Gàidhlig gu Gàidhlig deatamach gus na prìomhachasan seo a thoirt gu buil, agus bidh na faclair sin an eisimeil Faclair na Gàidhlig.** Tàlaidh siostam foghlaim le goireasan iomchaidh barrachd oileanaich.

11. Treas-Ìre is Fad-Beatha: Tha na prìomhachasan seo ionmholta. Bhiodh e iomchaidh an leudachadh gus toirt a steach leudachadh ann an àireamhan oileanach a bhios a' dèanamh Gàidhlig aig an oilthigh, ged nach biodh iad ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Dh'fhaodadh pàirt cudromach a bhith aig an luchd-ceumnaich seo, cuid aca a bhiodh a' tighinn bho chultaran eadar-dhealaichte, ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig. Tha a' phuing a rinneadh airson air. 10. freagarrach an seo cuideachd. **Tha faclair nam prìomh ghoireasan aig gach ìre foghlaim.** 'S e goireas air leth cudromach a bhios ann am Faclair na Gàidhlig do sgoilearan. A thaobh foghlam fad-beatha, bu chòir rannsachadh a dhèanamh air an fheum a th' ann airson cùrsaichean cànan sùbailte airson pharantan aig nach eil Gàidhlig, ach a tha airson an cuid cloinne a chur a-steach gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

12. Stòras Foghlaim: Tha feum aig tidsearan a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air goireasan nas fheàrr. Tha faclair nan goireasan ro chudromach a thaobh foghlaim. Tha sgilean tarraing-fiosrachaidh deatamach aig gach ìre foghlaim. Cuideachd, faodaidh faclair a bhith nan goireasan ionnsachaidh a tha an dà chuid brosnachail agus spòrsail do shean is òg, m.e. tha roinn 'Learning Resources' air làrach-lìn an OED (www.oed.com), agus tha làrach-lìn Scuilwab (www.scuilwab.org.uk) aig Scottish Language Dictionaries Ltd, a tha ag amas air clann-sgoile, ach far am faigh a h-uile duine beagan fealla-dhà.

13. Gnìomhachd Chultarach: Tha cànan aig cridhe gnìomhachd cultaraich. Dh'fhaoidte prìomhachas 5 a leasachadh gu 'Leudachadh air ruigsinn stuth leughaidh Gàidhlig mar chur-seachad tro adhartachadh sgrìobhadh Gàidhlig agus tro eadar-theangachadh sgrìobhaidhean bho chànanan eile gu Gàidhlig.' Dh'fhaodadh eadar-theangachaidhean bho Ghàidhlig luchd-ionnsachaidh ùr a tharraing agus slighe ùr fhosgladh a-steach dhan chànan agus dhan chultar. A-rithist, tha faclair nam prìomh ghoireasan do sgrìobhadairean.

14. Na h-Ealain: Tha prìomhachas 5, a tha a-mach air na h-ealain 'mar shlighe chun na cànan' gu math cudromach. Faodaidh ceòl gu sònraichte daoine aig nach eil Gàidhlig a bhrosnachadh gus barrachd ionnsachadh mun chànan 's mun chultar.

15. Dualchas: Tha e cudromach gu bheil sinn a' tuigsinn ar dualchas gu ceart, agus tha seo cuideachd a' buntainn ri ar dualchas sgrìobhte. Bhiodh faclair eachdraidheil gar cuideachadh gus seo a dhèanamh. Tha e bunaiteach gus ar n-eachdraidh a thuigsinn agus 's e leabhar-cuimhne ar cultair a bhiodh ann. Tha e deatamach gus ar dualchas a mhìneachadh ann an dòigh a tha ceart agus earbsach. Cuiridh e ris an tuigse a th' againn air dualchas nan Gàidheal, agus bhiodh e na goireas-fiosrachaidh airson

phròiseactan mu dhualchas, m.e. pròiseactan gus na seann chruinneachaidhean a chur ann an cruth didseatach.

16. Spòrs is Cur-seachad: Dh'fhaodadh seo cuideachd a bhith na shlighe chudromaich gus daoine aig nach eil Gàidhlig a tharraing a-steach agus gus an àireamh luchd-ionnsachaidh a meudachadh.

17. Meadhanan-clò: B' e slighe chudromach eile a bhiodh ann, leudachadh ann an sgrìobhadh mu chultar na Gàidhlig ann an cànanan eile, anns am biodh faclan Gàidhlig a' nochdadh.

18. Sgaoileadh Craolaidh: 'S e toradh ionmholta a tha seo le prìomhachasan iomchaidh. Faodar telebhisean a chleachdadh cuideachd gus a' chànan a theagasg, m.e. Can Seo, Speaking Our Language. 'S iad goireasan taice luachmhor a th' ann am faclairean, airson a leithid a phrògraman. Cuideachd faodar telebhisean ùisneachadh airson stuthan a chruinneachadh airson fhaclairean, m.e. am prògram 'Beul Chainnt', agus an sreath phrògraman mu dheidhinn an OED, 'Balderdash and Piffle', a bh' air an telebhisean bho chionn ghoirid.

19. Cothrom air Susbaint: Bu chòir sgrìobhadh airson telebhisean a bhith air adhartachadh cuideachd. 'S e slighe eile a-steach a tha seo do luchd-ionnsachaidh ùr, agus mar sin tha fo-thiotalan cudromach. Fiù 's leis a' bheagan telebhisean Gàidhlig a th' againn an-diugh, tha daoine ann nach aig nach eil a' Ghàidhlig, ach a bhios a' coimhead prògraman Gàidhlig a tha math agus inntinneach.

20. Eadar-ghnìomhachd: San latha an-diugh, 's iad goireasan air leth cudromach a th' ann am faclairean dealanach. 'S e siostam air leth èifeachdach a th' anns an eadar-lìon ann a bhith a' toirt nan goireasan seo a-steach dhan dachaigh. Mar eisimpleir, tha na faclairean eachdraidheil Albais ri fhaighinn saor 's an asgaidh air an làrach-lìn www.dsl.ac.uk. Tha barrachd daoine a' cleachdadh DSL air an eadar-lìon na rachadh gu leabharlann gus coimhead air na 22 leabhraichean a tha ga dhèanamh suas. 'S e goireas dealanach a bhios ann am Faclair na Gàidhlig. Bhiodh làraich-lìn airson luchd-ionnsachaidh cuideachd feumail, far am faodadh daoine bho air feadh an t-saoghail eòlas a chur air a chèile.

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, dè na pròiseactan a tha, nur beachd-se, riatanach gus na prìomhachasan sin a choileanadh (tha eisimpleirean ann an Eàrr-sgrìobhadh I)?

1. Dachaigh: Bidh Faclair na Gàidhlig ro chudromach ann a bhith a' meudachadh nan goireasan taice cànan a tha ri fhaighinn anns an dachaigh.

2. Coimhearsnachd: Tha goireasan cànan, gu sònraichte faclairean, nam bun-steidh air gnìomhachdan sa choimhearsnachd. Mar sin, 's e pròiseact deatamach a th' ann am Faclair na Gàidhlig.

3. Àite-Obrach: Bidh faclairian aig meadhan na h-iomairt gus sgilean cànan a leasachadh agus gus briathrachas sònraichte a chruthachadh. Mar sin, 's e pròiseact air leth cudromach a th' ann am Faclair na Gàidhlig.

4. Leasachadh Corpais: Tha Faclair na Gàidhlig aig teis-meadhan leasachadh corpais. **'S e am faclair eachdraidheil an aon ghoireas a bhios a' sealltainn eachdraidh a' chànain agus ga mineachadh.** A bharrachd air sin, 's e goireas leantainneach a th' ann, a bhios a' sìor leudachadh mar a bhios a' chànain ag atharrachadh. Tha e air leth cudromach anns an fhaclair gum bi brìgh nam facal air innse tro na h-abairtean a thig bho litreachas na Gàidhlig rè na linntean. Bidh a h-uile càil anns an fhaclair eachdraidheil air a tharraing bhon fhianais a th' ann. 'S e a' chànain fhèin a bhios ag innse brìgh nam facal.

6. Seasamh: Tha Faclair na Gàidhlig riatanach do dh'àrdachadh seasamh na cànan.

7. Mothachadh: 'S e goireas luachmhor a bhios ann am Faclair na Gàidhlig gus mothachadh na cànan àrdachadh.

8. Taic: 'S e pròiseact deatamach a th' ann am Faclair na Gàidhlig, a bhios a' toirt taic dhan chànain.

10. Bliadhnaichean Sgoile: 'S e goireas ro-chudromach a bhios ann am Faclair na Gàidhlig a thaobh adhartas cloinne ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

11. Treas-Ìre is Fad-Beatha: Bidh àite cudromach aig Faclair na Gàidhlig ann an leasachadh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig aig an treas-ìre.

12. Stòras Foghlaim: 'S e goireas bunaiteach a bhios ann am Faclair na Gàidhlig a thaobh foghlaim.

13. Gnìomhachd Chultarach: Bidh Faclair na Gàidhlig a' cur gu mòr ri adhartachadh gnìomhachd cultaraich.

15. Dualchas: 'S e prìomh-ghoireas a bhios ann am Faclair na Gàidhlig gus dualchas na Gàidhlig a chur air beulaibh a' mhòr-shluaigh.

17. Meadhanan-clò: 'S e goireas cudromach a bhios ann am Faclair na Gàidhlig a thaobh a bhith a' leudachadh làthaireachd na Gàidhlig anns na meadhanan-clò. Bidh e feumail do dhaoine a tha ag iarraidh barrachd fhaighinn a-mach mu na tha iad air leughadh. Bidh liostaichean de dh'fhaclan agus leabhraichean de dh'abairtean a' tighinn bhon fhaclair cuideachd, agus dh'fhaodadh iad seo a bhith nan slighe a-steach dhan Ghàidhlig do luchd-turais is eile.

18. Sgaoileadh Craolaidh: 'S e goireas taice cudromach a bhios ann am Faclair na Gàidhlig airson seirbheis dhidseatach na Gàidhlig.

20. Eadar-gnìomhachd: 'S e goireas do-sheachanta a bhios ann am Faclair na Gàidhlig ann a bhith a' cur teicneòlas conaltraidh gu feum ann an adhartachadh na Gàidhlig agus cultar nan Gàidheal.

An iad na buidhnean freagarrach a tha air an combarrachadh mar phrìomh bhuidhnean ann an coileanadh nam prìomhachasan sin?

Bu chòir do dh'Fhaclair na Gàidhlig a bhith air fhaicinn mar phàirt cudromach de Phrìomhachasan 1, 4, 5, 6, 7, 8, 10, 11, 12, 15, 18 agus 20.

Ma tha sibh a freagairt às leth buidhinn, ciamar a tha sibh gur faicinn fhèin a' cur ri soirbheachd a' Phlana Nàiseanta?

Anns na bliadhnaichean a tha ri teachd, 's e goireas air leth cudromach a bhios ann am Faclair na Gàidhlig ann a bhith a' cur an sàs a' Phlana Nàiseanta, agus ann a bhith ag adhartachadh cànan agus cultar nan Gàidheal. Tha am Plana a' sealltainn gu bheil goireasan cànan gu sònraichte cudromach. Chan eil goireas cànan ann a tha nas cudromaichte na faclair eachdraidheil. Tha e ùghdarrasach, deimhinnte agus fiosraichte. Bidh e a' toirt dhuinn eachdraidh gach facal sa chànan sgrìobhte, agus san t-seadh sin, a' soilleireachadh cultar nan Gàidheal. Is dòcha nach bi ach grunnan beag de dhaoine a' cleachdadh an fhaclair eachdraidheil fhèin, ach tro na faclairean beaga a thig bhuaithe, bidh e a' ruigsinn a h-uile duine a ghabhas gnothach ris a' chànan. 'S beag an aireamh de luchd-labhairt na Beurla nach d' fhuair buannachd bhon Oxford English Dictionary ann an dòigh air choreigin – an dàrna cuid bhon fhaclair eachdraidheil fhèin, no bho fhear de na faclairean a thàinig bhuaithe. Thathar an dùil mar-thà gum foillsichear faclairean da-chànanach (airson luchd-ionnsachaidh), aona-chànanach (airson sgoiltean agus fhileantach), agus leabhraichean de dh'fhaclan sònraichte, a bhios stèidhichte air an fhaclair eachdraidheil. Bidh na goireasan sin gu math math cuideachail ann a bhith a' toirt amasan a' Phlana gu buil.

Tha sinn an-dràsta a' dealbhadh an ath cheum de Fhaclair na Gàidhlig anns am bithear a' cur corpas didseatach ri chèile de na teacsaichean as cudromaichte a th' againn ann an Gàidhlig. 'S e goireas air leth feumail a bhios ann do sgoilearan, oileanaich, agus luchd-rannsachaidh. Bidh e na bhuannachd mhòr dhan a' Phlana Nàiseanta ann an iomadach dòigh.

Bidh toraidhean a' chorpais, agus as dèidh sin toraidhean an fhaclair, gan sgaoileadh fad is farsaing tro iomadach roinn-beatha. Bidh seo a' bualadh air a' Phlana Nàiseanta agus air an t-saoghal fharsaing. Obraichidh am pròiseact mar fòcus airson Gàidhlig ann an Alba, agus bidh e ag obrachadh gu dlùth le riaghaltasan ionadail agus nàiseanta a thaobh cruthachadh phoileasaidhean. Bidh am Faclair gu sònraichte feumail ann an cruthachadh phoileasaidhean air litreachadh na Gàidhlig, ann an deasachadh briathrachais a bhios an co-chòrdadh ri gnathasan-cainnte na Gàidhlig, agus a thaobh soidhneachan Gàidhlig. 'S e dàimh a bhios ag obair gach rathad a bhios an seo: bithear a' toirt suim do dh'atharrachaidhean ann an cleachdadh na Gàidhlig, agus bidh cuideam ga chur air conaltradh le daoine a tha an sàs ann am foghlam agus ann an dualchas.

A bheil beachdan sam bith eile agad mun dreachd Phlana a bu mhath leat a thogail?

Tha am Plana farsaing agus fad-ruigsinn. Gus na h-amasan aige a thoirt gu buil, feumar taic a thoirt dhan a' chànain, an dà chuid a thaobh airgid agus a thaobh ghoireasan. Tha tòrr ri ionnsachadh bho dhùthchannan a leithid na Fionnlainn, aig a bheil institiud chànain, le faclairan aig a teis-meadhan, a bhios a' toirt taic do chòig cànanan san dùthaich sin; a' Chuimrigh, far am bheil àite cudromach aig a' Geiriadur Prifysgol Cymru a thaobh adhartachadh cànanain agus cultair; agus Èirinn, far a bheil dleastanas aig Foras na Gaeilge gus taic a chumail ri faclairachd. Tha am Plana Nàiseanta a' toirt dhuinn deagh chothrom gus an aon rud a dhèanamh airson na Gàidhlig.

Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig

Tha Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig a' toirt dhuinn nam miannan airson ath-bheothachadh agus leasachadh na Gàidhlig san àm ri teachd. Chan eil e cho soilleir, ged ta, ciamar a ruigear na h-amasan seo. Anns a' mhòr chuid de na raointean gnìomh, bidh Faclair na Gàidhlig mar dhrochaid air an t-slighe tron tèid na h-amasan seo a thoirt gu buil. Bheir e dhan a' Ghàidhlig goireas a bhios co-ionann ris na goireasan a tha ri fhaighinn anns a' Bheurla agus ann an Albais, agus àrdaichidh e ìomhaigh agus cliù na Gàidhlig air feadh an t-saoghail. Leis a' ghoireas seo, bidh e nas fhasa fiosrachadh fhaighinn mun a' chànain, mun an eachdraidh, mun an litreachas, agus mun a' chultar, is bidh e na shlighe a-steach dhan àm a chaidh seachad, a bhios aig an aon àm a' comharrachadh na slighe air adhart. Bheir e dhuinn stòras de dh'fhaclan, agus dearbhadh air gnàthasan-cainnte, gu sònraichte airson rudan aig a bheil feum air briathrachas. Bidh pàirt cudromach aig an Fhaclair ann a bhith a' toirt leasachadh air adhart ann an sgilean cànanain agus litearrachd.

'S ann ann am Foghlam agus an Leasachadh Corpais as riata naic a bhios Faclair na Gàidhlig. Ma gheibh am pròiseact am maoinachas a dh'fheumas e, cho luath 's a bhios Faclair an latha an-diugh deiseil, sruthaidh faclairan beaga Gàidhlig-Beurla, Beurla-Gàidhlig, agus Gàidhlig-Gàidhlig às. 'S iad goireasan bunaiteach a bhios annta seo a thaobh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig agus a thaobh foghlaim fad-beatha. Bidh Faclair na Gàidhlig fhèin na bhun-ghoireas airson foghlaim aig an treas-ìre, agus airson daoine a bhios a' dèanamh rannsachadh air a' Ghàidhlig 's air na Gàidheal, agus air eachdraidh agus litreachas na Gàidhealtachd. Bidh Leasachadh Corpais air a dhèanamh comasach le Faclair na Gàidhlig, a bheir bunait fianais airson cruthachadh phoileasaidhean air litreachadh, grammar, briathrachas, agus ainmean. Bidh e cuideachd na chuideachadh a thaobh cruthachadh briathrachais ùir bho shealladh na Gàidhlig fhèin agus a gnàthasan-cainnte, seach bho shealladh na Beurla. Tha e doirbh fhaicinn ciamar a thèid Leasachadh Corpais air adhart gu h-èifeachdach as aonais a' phròiseict seo agus an eòlais a thig na lùib.

Bu chòir do Bhòrd Stiùiridh Faclair na Gàidhlig, air a bheil riochdairean de fhoghlam treas-ìre, de fhoghlam airson luchd-teagaisg, agus de fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a bhith air ainmeachadh mar sholaraidhe agus mar ghoireasaiche anns na raointean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd. Gus a' Ghàidhlig a chumail suas san 21mh linn, bidh feum air Faclair na Gàidhlig.

Tha mi toilichte na beachdan agam fhoillseachadh gu poblach ✓